 áicidheall, *s.f.* Revenge, vengeance. Thoir dhomh áicidheall, *revenge me*.
 áicidheilleach, -liche, *a.* Revengeful, vindictive, full of vengeance.
 áicidheilleachd,** *s.f.* Revengefulness, vindictiveness.
 áicidheillecho,** *s.m.* Avenger.
 áicheadh, *pr. part.* áicheadh, *v.s.* Deny, refuse, disavow, recant, renounce. Dh'áicheadh e a chreideamh, *he renounced his religion*; áicheadhadh mise ean, *I will deny him*.
 áicheadh, -aidh, *s.m.* Denial, refusal, recants-

tion. 'S e an t-áicheadh math an dara pàine a's fhearr 's an t-áicheadh, *a stout denial is the second best point in law*; cuir as áicheadh, *deny, disavow*.
 áicheadhaidh, *fut. aff. act.* of *v.* áicheadh.
 áicheadh-chreidimh, *s.m.* Apostacy.
 áicheadhach, *a.* Able, potent, mighty, fierce.
 áicheadhail,* *s.* (ath+gabhail) Repriial.
 áicheidh, } see áicheadh.
 áicheun, }
 áicill, *a.* Able, powerful. 2 Dexterous, handy.
 áicilleachd, *s.f.* Strength. 2 Dexterity.
 áicimheil, see áicimheil.
 áicimheilleach, see áicimheilleach.
 áicil, see faicill.
 áicne,* *s.f.* Race.
 áicne,** *s.f.* Nature.
 áicre,** *s.f.* Inheritance, patrimony.
 áicid,** *s.m.* Piece, portion, morsel.
 áicidheil,** *a.* Huge, enormous, vast.
 áicidheachadh, -aidh, *s.m.* Confession, acknowledgement, avowal. Registration, as of a letter. Luchd-áicidheachaidh, *communicants, professors*.
 áicidheachaidh, *gen.sing.* of áicidheachadh.
 áicidheachail, *a.* Affirmatory, confessing.
 áicidheachair,** *s.m.* Avoucher.
 áicidhnean,** *s.m.* Stranger, foreigner.
 áicidheil, *s.* Wonder. 2 Boasting.
 †————,** *a.* Huge, enormous, vast.
 áicidheilleachd, *s.f.* Vastness, terribleness, hugeness.
 áicidheis, see áibheis.
 —————ach, see áibheiseach.
 áicidhblich, *v.s.* Aggrandise.
 áicidhbhrugh, *a.* Bewitching, fascinating.
 áicidhbheach, *a.* Vast, capacious.
 áicidhbheasan,** -ain, *s.f.* Spectre, phantom, sprite.
 áicne,** *s.f.* Monition. 2 House. 3 Fortress.
 áicidheach,** -ich, *Milch cow*.
 —————id,* see áicidheachd.
 áicdeam, *s.f.* Joyous carol.
 áicdean, *For* áighann, *n.pl.* of áigh.
 áicdeann, -inn, see áighann.
 áicdear, -ir, see áighar. 2**Cracking of the skin from exposure to the weather.
 —————ach, see áigharach.
 —————achd, see áigharachd.
 áicidh,* *s.f.* Cooper's adze.
 áicidhinn, *dat.* of adhal.
 áicidhme, *s.f.* see uidheam.
 áicidhmhill, *v.a.* Spoil, destroy.
 áicidhmhilleachd, *s.m. & pr. part.* Consuming. 2 Confusion.
 áicidhmhillte, *pr. part.* Consumed.
 áicidhmhilleach, -eich, *s.m.* Destroyer. 2 Spend-thrift. 3 Beast that steals from the pastures to feed on the growing corn.
 áicidhne,** *s.f.* Advocate. 2†Age.
 áicidheachadh, *pr. part.* of *v.* áicidhich. Envyng. Is iomadh neach a tha 'g am áicidheachadh an diugh nach do chuidhad riamh g' am leacachadh, mar a thubhairt am fámhair ris an troich, *many a man envies me to-day who never helped me one bit to grow, as the giant said to the dwarf*.
 áicidhich, *pr. part.* ag áicidheachadh, *v.s.* Envy.
 áicidh, *pr. part.* ag áicidheachadh, *v.s.* Confess, own, acknowledge. 2 Affirm, avow. Ag áicidheachadh a chionta, *confessing his sin*; dh'áicidh e, *he confessed*; cha'n áicidh mi, *I will not confess*.
 áicidheam, *Ip. sing. imp.* of *v.* áicidh. 2** For áicidhidh mi, *Ip. sing. fut. aff.* of *v.* áicidh.
 áicidhear, *fut. pass.* of *v.* áicidh.
 áicidhe, *pt. part.* of *v.* áicidh. Confessed, owned

acknowledged, affirmed.
 aidmeach, *s.m.* }
 aidmeachadh, *s.m.* } see aidmeachadh.
 aidmheil, -e, -san, *s.f.* Confession, profession, persuasion. 2 Declaration, acknowledgement. De an aidmheil a tha e a' leantuinn? *what persuasion does he follow?* ; a réir bhuir n-aidmheil, according to your profession; aidmheil na firinn, the acknowledgement of the truth.
v.n. see aidich.

aidmheileach, *a.* Of, or belonging to a confession, or profession. 2 Declaratory. 3 Acquiescent. 4 Forthcoming. Bithidh mise aidmheileach dhuit-se, I will be responsible to you.
 aidmhilleach, *** s.m.* Avoucher.
 ————, *d,* s.f.* Acquiescence. 2 Responsibility. 3 Acknowledgement.

aidmheilair, -eir, *s.m.* Confessor. 2 Professor. 3 Declarer.
 aidmheilige,* see aidmheileach.
 aidmheint,** *s.f.* The Advent.
 aidmhich, see aidich.
 ————, see aidichte.

taifir,** *s.f.* Blame, fault.
 aifrionn, -rinn or -rinne, *s.m.* Mass in the Church of Rome. 2 Chapel.
 aig, *prep.* At, near, close by. 2 In possession. 3 On account of. 4 For. 5 On. Is mór agam sin, I value that greatly; tha déidh agam air, I desire it or him; tha cuimhn' agam air, I remember him; tha tasdan agam air, he owes me a shilling; tha tasdan aig' orm, I owe him a shilling; cha'n 'eil agam air, I dislike him, I cannot help it; chaidh agam air, I have no room for him; tha dóchas agam dheth I have hope in him or it; tha gràdh agam dha, I love him; tha truas agam ris, I pity him; cha'n 'eil omhail agam dha, he is no concern to me; tha baigh agam ris, I feel kindly towards him; tha fughair agam ris, I expect him; aig an taigh, at home; aig baile, at home; aig na dorsaibh, at the doors; aig meud 'aighe, on account of his excessive joy; bha aig duine sraidh dithis mhac, a certain man had two sons; tha dithis aighe, he has two; cha'n 'eil mi air aighe, he has not a particle; tha'n t-àm againn falbh, it is time for us to go; bha mios aighe a mach, he had spent a month (a month had gone past him); bithidh mi agad a thiotadh, I will be with you in a minute; cha'n 'eil thu agad fhéin, you are not yourself; cha ghabh mi agad, I will not engage with you; cum agad fhéin e, keep it yourself; [cha'n fhaic mi dad] mur faic biodh agad, well then, be it so, I don't care if you don't.

Combined with the pers. pronouns thus:—
 1 Sing. agam *Plur.* againn,
 2 agad *agaibh*
 3 aige, *m.* }
 aice, *f.* } *aca, m. & f.*

Emphatic Forms.
 1 Sing. agam-sa, agam-fhéin, *pl.* againne, againn-fhéin.
 2 agad-sa, agad-fhéin, *pl.* agaibh-se, agaibh-fhéin.
 3 aige-san, aige-fhéin *m.*; aice-se, aice-fhéin *f.*; *pl.* aca-san, aca-fhéin, *m. & f.*

Aig enters into composition with the possessive pronouns thus, 'g am, 'g ad, 'g ar, 'g ur, &c., before the Infinitive. Mood or a verbal Noun, as, 'G am bhuailadh (lit. at my striking) striking me; bha mi 'g am fhalach féin. I was hiding myself. It is often used to give the signification of a genitive case to the noun

It governs, as, An stoc aig Fionn, Fingal's horn.

taigbheil,** see eagal.
 + ————each,** see eagalach.
 aige, *prep. pron.* (aig+e) At him or it, with him or it, in his possession. 3 His, its. [Emphatic forms—aig-san, aige-fhéin.]
 †aige, *a.* Brave, valiant.
 aigeach, *s.m.* see digeach.
 aigeachd, (CR) *s.f.* Frolicsomeness.—Arran.
 aigeal, -eil, -an, *s.m.* (W. Isles) see aigeann. Do bhreacan air uachdar an aigeil, thy plaid (floats) on the pool; faochagan crom, ciar' an aigeil, a' glagadach air a n-àrlar—i.e. air àrlar a' bhàta. (from a description of the raging of the sea in a gale.)

aigealach, -aich, *s.m.* see aigeannach.
 aigealan, *n.pl.* of aigeal.
 aigealach, -aiche, *a.* see aigeannach.
 aigealladh,** -aidh, *s.m.* Speech, conversation, language. 2 Dialogue. Ag gisdeachd aigealaidh do bheòil, listening to thy speech.
 aigeallaiche, *comp.* of aigealach. Is tu a's aigeallaiche dhe'n triùir, thou art the most spirited of the three.

aigeallan,** *s.m.* Breast-pin. 2 Jewel. 3 Ear-ring. 4 Tassel. 5 Toy.
 aigeann, -eun, *s.m.* Abyss. 2 Deep pool. 3 Sea, ocean. 4 Bottom of an abyss. Thuit m' aigne's an aigeann, my mind sank into the abyss; 'n a shuidhe air an aigeann dhorch thugh, sitting on the dark misty deep; grunn an aigeinn, the bottom of the abyss.

aigeannach, -aich, *s.m.* Sounder of the deep. 2 } see aigeach.
 ————, ** s.f.* Self-willed, boisterous female.
 ————, -aiche, *a.* Of, or belonging to an abyss.
 2 Full of abysses. 3 see aigeach. 4* Self-willed, stubborn, mulish, uncontrollable.

aigeannachd, *s.f.* see aigeachd. 2 Stubbornness, turbulent disposition. 3† Courage.
 aigeanta,* *a.* Self-willed.
 aigeantach, -aiche, *a.* see aigeannach.
 ————, ** s.f.* Turbulent female.
 ————, *d, s.f.* see aigeannach, and aigeantas.

aigeantas, *ais, s.m.* Gaiety. 2** Alacrity.
 aigeich, *gen. sing.* of aigeach, for digeach.
 aigeil, *gen. sing.* of aigeal.
 aigeinn, see aigeann.
 aigh, *gen. sing.* of aigh.

aigh, *s.m.* Happiness. 2 Prosperity. 3 Joy. 4 Mettlesomeness. 5 Liberality 6**Gloriousness, glory. 7**Auspiciousness. An do thréig thu mi, a sholuis m'aigh? Hast thou left me thou light of my joy? meirghe rìgh Lochlainn an aigh, the standard of the king of Lochlainn the fortunate; sonas is aigh ort! may success and happiness attend you!
 aigh,** *a.* Happy. 2 Prosperous. 3 Liberal. 4 Auspicious. 5 Proud. 6 Mettlesome. 7 Glorious.



3. Aigh-ban.

aigh,** *s.m.* Deer. Aigh do choille fein, the deer of thine own woods.
 aigh-ban, -ain, *s.m.* Box (plant)—*buxus sempervirens*. Badge of many branches of Clan Chattan.
 aighe, *gen. sing.* of agh.
 aigheach, *a.* Happy, joyous.
 aigheal, see aigeal.
 aighean, *n.pl. & dim.* of agh. 2**alacrity.
 aighean, *n.pl.* of agh.

Alghan súbhlach, *the wandering deer.*
 aighheann, -ne, *pl.* aighnean, & aighheannan, *s.f.*
 see aghann.



h. Aighneannach.

aighneannach, -nich, *s.m.* Corn
 thistle (plant)—*carduus arvensis.* 2 Place where thistles
 grow.

aighneannach, *gen. sing.* of
 aighneannach.

aighear, -ir, *s.m.* Gladness,
 mirth, joy, gaiety, happi-
 ness, felicity, festivity.

Tha aighear a' bruchdadh
 'n a shùil, gladness bursts
 from his eyes; cool is aigh-
 ear, music and mirth; aigh-
 ear b'òige, *the joy of thy*
youth.

aighhearach, *a.* Glad, mirthful, joyful, gay,
 festive. 2 Odd. oglach aighhearach, *an odd*
fellow.

—d, *s.f. ind.* Gladness, merriment,
 mirthfulness, joyfulness, festivity. 2 Odd-
 ness. 3**Alacrity.

aighe, *gen. sing.* of aghann. 2**Prophet. 3**
 Pleader.

faighneach, -niche, *a.* Liberal, generous.
 faighnios, *s.m.* Pleading, reasoning, arguing.

aigh-riombach, ** *s.m.* Belle.
 aigilean, -éin, -an, *s.m.* Tassel. 2 Ear-ring. 3
 Toy.

aigileanach, *a.* Hung with tassels. 2 Gaudy,
 beautiful.

aiginneach, } *a.* see aigeannach.
 aigionnach, }
 aigiontach, }

aiglean, -éin, see aigilean.
 aigleanach, see aigileanach.

aighe, *s.f.* Mind, temper, disposition. 2 Spirit,
 affection, thought. 3 (AC) The bird swift. 4
 (AO) Anything of unusually quick motion.

Cho luath ri aighe nam ban baath, *as swift*
as the thoughts of the foolish women. Is cian-
 aih m'aighe, *sad is my mind*; lean mi le aighe
 neo-ghlic, *I followed with unwise affection.*

aigheach, -eiche, *a.* (aighe) Liberal. 2 Spirited,
 lively, brisk. 3 Affectioned. 4 Of,
 or belonging to mind, temper, affection, or
 thought. 5**Gallant.

—d, *s.f. ind.* Mettlelessness, sprightli-
 ness, magnanimity, cheerfulness, courage.

aigheadh, -idh, -idhean, *s.m.* see aighe.
 aighidh, *gen. sing.* of aigheadh.

-ail, *termination of adjs.*, changes into -eil -oil,
 -uill, as preceded by kindred vowels.

àil, *gen. sing.* of àl. 2|see aill.

aill, *s.m.* Mark, impression, trace. 2 Scar.
 3**Postage-stamp. Ail do chois, *the trace of*
thy foot.

faill, *s.m.* Mouth. 2 Rebuke. 3 Stone. 4 Re-
 quest. 5 Weapon. 6|Rock.

aillbh, ** -e, -ean, *s.f.* Rock, foundation, any-
 thing hard, solid, rigid, or immovable. (Also
 aillbhinn.)

aillbeach, -bhiche, see aillbhinneach.
 aillbeag, eig, -an, *s.f.* Ring. 2 Ring of any
 coarse metal. Aillbheagan aigrìd, *silver*
rings; aillbheag cluis, *an ear-ring.*

—ach, *a.* Full of rings, like a ring, of or
 belonging to a ring.

aillbhinn, *s.f.* see aillbhinn.

aillbhinn, *s.f.* Flint, stone. 2 Rock, flinty
 rock. 3 Projection. 4 Precipice. An deòir
 a' sìleach mar bhoinne na b-aillbhinn, *their*
tears dropping as water from a projecting rock;
 Ag imeachd air an aillbhinn oilteoil, *walking*
on the dreadful precipice; do sgiath mar ail-

bhinn, *thy shield like a rock.*
 aillbhinneach, -eiche, *a.* Flinty, stony. 2 Rocky.

faillne, ** *s. pl.* Paving stones.
 faillneach, ** -ich, *s.m.* Parier.

aillde, *s.f.* see ailldeach.
 ailldeachd, see ailldeachd.

ailldiche, see ailldinn.
 taile, ** *s.f.* Stone. 2 Behaviour, manners.

àlle, *s.m.* The air. 2 Scent, smell. 3
 Wind, breeze, strength of the breeze. àlle
 deagh bhòlaidh, *an odour of sweet smell*;
 trath chaidleas 's a' ghleann an t-àlle,
when the air sleeps [is still] in the valley;
 sròineas gun àlle, *noses without the sense*
of smell; droch àlle, *a bad smell*; tha'n
 t-àlle fuar, *the air is cold.*

àlle, * *s.m.* see ail.

—, *a.* see ailldeach.

ail-each, ** -eich, *s.m.* (lit. a stone horse) Stall-
 ion.

ailldeach, -a. (àlle) Alry, well-aired. 2**Atmos-
 pheric, of, or belonging to the atmosphere,
 air, breath, or smell. 3**Savoury. Iongan-
 tas ailldeach, *an atmospheric phenomenon.*

ailldeach, ** *a.* Causing marks or impressions.
 ailldeachd, *s.f. ind.* see ailldeachd.

ailldeach, -idh, *s.m.* see ail. Ailldeach coise, *s*
footstep.

ailldeach, -idh, *s.m.* see àlle.
 Ailldeachach, *a.* Pneumatic.

àlle-bheathail, ** (lit. vital air) Oxygen.
 àlle-churach, ** *s.m.* see curach-àlle.

ail-eathar, " " eathar-àlle.
 àlle-ghuail *s. m.* Gas.

àlle-mheldh, ** *s.f.* see meidh-àlle.
 —each, ** *a.* Barometrical.

aileag, -oig, -an, *s.f.* Hiccup. [Always preced-
 ed by art. an.] Tha'n aileag orm, *I have the*
hiccup.

—ach, *a.* Causing the hiccup, hiccuppy, re-
 lating to the hiccup.

—ail, *s.f.* Hiccupping. 2**Vexing.

ailean, *n.pl.* of ail.

ailean, -éin, *s.m.* Green, plain, meadow. 2 Es-
 planade. 3 Oasis. Cath air an ailean réidh,
a battle on the level plain.

àileanta, *a.* (àilleadh) Fragrant, odorous. 2
 Keen-scented. 3**Bodiless. 4**Atmospher-
 ic, aerial.

ailear, -air, *s.m.* Porch.
 aileas, ** *a.* Akin.

—, ** -eis, *s.m.* Pleasant country.
 ailebeart, ** -beart, *Gaelic spelling of halbert.*

aileathan, see ailm-leathan.
 àille-eòlas, -ais, *s.m.* Pneumatics.

àilgheas, -is, *s.m.* (àil + gheas) Pleasure, will.
 2 Power. 3 Pride, imperiousness. 4** De-
 sire, longing. àilgheas dhaoine, *the pride of*
men; nach fùb air àilgheas na garbh ghaoidh,
that will not bend at the pleasure of the rough
wind; fearann gu'r n-àilgheas, *land to your*
will.

—ach, -aiche, *a.* Fastidious. 2 Proud,
 haughty, imperious, arrogant. 3** Willful,
 headstrong.

—achd, ** see ailldeasachd.

—aicho, *comp.* of aillgheasach.

aillghios, -is, *s.m.* }
 —ach, *a.* } see aillgheas—
 —achd, *s.f.* }
 —aiche, }

aillinde, (AC) *comp.* of àlainn.

aillindeach, see àlainn.

aillineachd, see àlainneachd. aillineachd mna
 na Gréige, *the beauty of the woman of*
Greece (Helen).—A.C.

àil-innisean, ** -éin, *s.m.* Anemoscope.

aillonta, see aileanta.

aillia, -e, -ean, *s.f.* Defect, fault, blamish. 2 Reproach.

àill', *s.f.* see àille.

àill, *s.f.* Desire, will, pleasure. Dè is àill leibh? *what is your will?*; an ni a b'àill leam, *the thing that I would wish*; ma's àill leibh seo, *if you desire or wish this*; an àill leat? *do you wish*; dean àille de'n éiginn, *make a virtue of necessity*.

faill, ** *s.f.* Rugged bank, rough steep. 2 Steep river bank. 3 Bridle. 4 Course. 5 Place, stead. 6 Praise.

aill air n-àill, *adv.* Willing or unwilling, volens volens.

àill-bhrnach, -aich, *s.f.* Rock, rugged bank, rocky steep.

àill-bhrnachach, *a.* Having steep or rocky banks.

àill-bhail, *s.f.* Bridle-bit.

àille, *s.f.* see àilleachd.

—, *comp.* of a. àlainn. Is àille leam seo na sin, *I prefer this to that*.

àilleach, *a.* Beautiful, handsome, comely, fair. àilleachd, *s.f. ind.* Beauty, beautifulness, handsomeness, comeliness. 2 Sublimity. 3 Dignity. àilleachd thalmhaidh air cha bhí, *no earthly beauty shall be found in him*; tháinig t' n a h-àilleachd, *she came in her beauty*; bha a h-àilleachd gun choimeas, *her beauty was unequalled*.

àillead, -eíd, *s.m.* Degree of beauty.

àilleag, -eig, -an, *s.m.* Jewel. 2 Gem. 3 Pretty young maid. Nach cuimhne leat an àilleag? *dost thou not remember the beautiful maid?*

àilleagan, -ain *pl.* -ain & -ana, *s.m.* Little jewel. 2 Term of affection for a young person. 3 Pretty maid. 4 Toy. Soraidh slán do'n àilleagan! *farewell to the pretty maid!*

—, *a.* } *n. pl.* of àilleag.

àilleagan, -ain, see faillean.

àilleachd, *s.f. ind.* Bashfulness, modesty.

àilleann, ** -ein, *s.m.* Causeway.

àilleann, § -einn, *s.f.* Elecampane, — *inula Helentium*. 2 Young beau. 3 Minion.

àilleanta, *a.* Beautiful, handsome, comely, delicate, bashful. 2 Having an imposing appearance. 3 Reserved, shy, distant.

—chd, *s.f. ind.* Personal beauty. 2 Delicacy, bashfulness, modest reserve. Is àilleantachd maise nam ban, *delicacy is the ornament of females*.

àilleas, *s.f.* see àilghas. 2 Jewellery.

—ach, -aiche, *a.* Wilful, head-strong, proud.

—achd, *s.f. ind.* Wilfulness, pride.

aillsig, *gen. sing.* of ailleag.

aillain, *s.m.* Favourite. 2** *gen. sing.* of ailleann.

aillainn, *gen. sing.* of ailleann.

aillort, *a.* (tail 6) High-rocked.

àillghias, *s.m.* see àilghas.

àillidh, *a.* Bright, resplendent. 2 Beautiful, exquisite, fair. Lasair nan lochran àillidh, *the flame of the resplendent lamps*; do'n ógmháoi a b'àillidh leac, *to the virgin of the fairest cheek*.

faillinn, ** *a.* Another.

aillionair, *s.m.* Caser.

ailla, ** see aillse 8.

aillno, *s.f. ind.* see àilleachd.

àillneachd, see àilleachd.

aillse, *s.f.* Fairy. 2 Ghost. 3 Diminutive creature. 4] *rarely* Cancer, canker. 5 Delay. —ach, ** *a.* Like a fairy, of, or pertaining to a fairy. 2 Spectral. 3** Negligent.

àillseachadh, -aidh, *s.m.* see aibheiseachadh.

àillseag, -eig, -an, *s.f.* (aillse 8) Caterpillar.

aillseich, *v.a.* see aibheisich.

àillte, ** *s.f.* see àilleachd.

aillte, *s.f.* High precipitous rock.

àillteachd, *s.f. ind.* see àilleachd.

aillteil, *a.* see oilteil.

ailm, -e, -ean, *s.f.* † Elm-tree, *new* leamhan.

2 Letter "A." 3 Fir-tree. 4 Helm. 5 Science.

† ailmeadh, -aidh, *s.m.* Prayer.

ailmeag, -eig, -an, *s.f.* Elm. 2 Young or little elm-tree.

—an, *n. pl.* of ailmeag.

ailmean, *n. pl.* of ailm.

ailmeig, *gen. sing.* of ailmeag.

ailmh, -e, -ean, *s.f.* Flint stone. 2 Boundary-stone.

àil-mheidh, ** -a, -ean, *s.f.* Anemometer.

ailmse, -ean, *s.f.* Mistake, error. 2** Spectro. 3** Spectral-looking person.

ailmseach, -eiche, *a.* Spectral, ghastly.

ailn, *s.f.* (AC) Loch. Chi mi ai air ailln an eilein, *I see a swan on the loch of the island*.

àilne, *comp.* of a. àlainn.

àilne, } *s.f.* see àilleachd.

àilneachd, } *s.f.* see àilleachd.

àilnich, *v.a.* Beautify, adorn. 2 Accomplish.

àilnichte, *pt. part.* Adorned.

ailp, *gen.* of alp.

† —, ** *s.m.* Protuberance. 2 Any gross lump. 3 Mountain.

† —, ** *a.* White.

ailpeach, ** *a.* Alpine.

ailse, ** } *s.f.* Cancer.

† ailsin, || } *s.f.* Cancer.

ailseach, ** *a.* Cancerous.

ailseag, ** *s.f.* Caterpillar.

ailt, *s.f.* see athait. † 2** House. 3† see ail.

àill, -e, *a.* Noble, stately, grand, high. 2 Charming, beautiful. Aghaidh is àillte lith, *a face of the most beautiful colour*.

àilte, *comp.* of àill.

àilteach, see fàilteach.

àilteachadh, (Sut'h'd) see fàilteachadh.

àilteachd, *s.f. ind.* see àilleachd. Barrachd air t'àilteachd, *superiority over thy handsomeness*.

† ailtear, ** *s.m.* Carpenter.

aim-, *privative particle* or prefix, see am, an, priv.

aimbeairt, (for aimbeirt) *gen. sing.* of aimbeart.

aimbeart, -eirt, *s.f.* Poverty, want, indigence. 2 Calamity. 3 Mischief. Cridhe fial an aimbeirt, *a generous heart in poverty*.

—ach, *a.* Poor, needy, indigent, necessitous. 2 Calamitous. 3 Mischievous. Tha mi aimbeartach, *I am indigent*.

—as, -ais, *s.m.* Same meanings as aimbeart.

aimcheist, see imcheist.

—each, see incheisteach.

aimneas, -eis, see amas.

aimneasguidh, see aimsgith.

aimhdhebin, see aindeoin.

aimheagan, ** see aigeann.

aimheal, -eil, *s.m.* Vexation, grief. 2 Dismay. 3 Uneasiness, trouble, sorrow. 4** Repentance, compunction, fear. Fo aimheal is fo sgios, *vexed and wearied*.

—ach, -aiche, *a.* Vexing, uneasy, vexa-



5. Ailleann.

tious. 2**Repentant.
 —eachd, * *s.f. ind.* The greatest mortification.
 aimhealach, * *v.n.* Gall, pique, vex. Air 'aimhealachadh, galled, vexed.
 aimhealach, see aimhealach.
 aimhean, ** *a.* Pleasant, agreeable, smooth.
 aimhfheòil, see ainhfheòil.
 aimhgeur, *a.* Edgeless, blunt.
 aimhghlic, *a.* Foolish, unwise.
 aimhghlocas, -ais, *s.m.* Folly.
 ainhi, see amaidh.
 àimhinn, * *s.f.* see àmbuinn.
 àimhinich, * see àmbuinnich.
 aimhleas, -eis, *s.m.* Hurt, harm, mischief, disaster. 2 Danger. 3 Injury. 5 Ruin, misfortune. 5 Perverseness. 6 Folly. 7 Destruction. B'e sin car t'aimhleis, that would be your ruin; ag iarraidh m'aimhleis, bent on my destruction; a' labhairt aimhleis, uttering perverseness; luchd aimhleis, unfortunate people; ni thu t'aimhleas, thou wilt harm thyself.
 aimhleasach, -aiche, *a.* Hurtful. 2 Unfortunate. 3 Mischievous. 4 Ruinous. 5 Foolish. 6 Imprudent. 7 Destructive. Nithe aimhleasach, mischievous things.
 aimhleasachd, *s.f. ind.* Condition or state of being unfortunate. 2 Mischievousness. 3 Ruinousness. 4 Imprudence. 5 Foolishness.
 aimhleasaiche, *comp. of a.* aimhleasach.
 aimhleasg, *a.* Lazy, indolent, inactive, drowsy, sluggish.
 aimhleathan, -aine, *a.* Narrow, straight, tight. Is aimhleathan an t-slighe, narrow is the way.
 aimhleathanachd, * *s.f. ind.* Narrowness, strictness, tightness.
 aimhleisge, ** *s.f.* Laziness, indolence, inactivity, drowsiness, sluggishness.
 aimhno, (for aibhne) *gen. sing. of aibhainn.*
 aimhneach, -eiche, see aibhneach.
 aimhneart, -eirt, see ainneart.
 —ach, see ainneartach.
 —aiche, see ainneartaiche.
 —mhòr, see ainneartmhòr.
 aimhneirt, see ainneirt.
 aimhnichean (for aibhnichean) *pl. of aibhainn.*
 aimhreachd, -eìdh, *s.m.* (Jam + r'èidh) Disturbance, disagreement, confusion.
 —, *a.* Wrong, disturbed, disagreeing. Tha seo air aimhreachd, this is wrong; tha thu 'g am chur air aimhreachd, you are putting me wrong; cuireamaid an cannt air aimhreachd, let us confound their language.
 aimhreachd, *gen. sing. of aimhreachd.*
 t'aimhreachdhe, *s. pl.* Defiles, passes, straits, fastnesses. 2 Forests.
 t'aimhreach, *a.* Difficult, arduous.
 aimhreit, -e, -ean, *s.f.* Confusion, disorder, disagreement, contention, disturbance.
 —each, -eiche, *a.* Quarrelsome, litigious, contentious. 2 Of, or belonging to a quarrel or disturbance. 3 Entangled. Maille ri nuaio aimhreitich, along with a quarrelsome woman.
 aimhreitachd, * *s.f. ind.* Degree of disorder, confusion, or quarrelsomeness.
 aimhreitich, see ainhreit.
 aimhreitich, *v.a.* Confound, entangle, put together other. Entwineas thread.
 t'aimhriar, *s.m.* Mismangement.
 aimhriachd, *s.m.* Disguise, concealment.
 —ach, *a.* Assuming a false figure.
 aimid, *s.f.* see amaid.
 —each, see amaideach.
 —eachd, *s.f.* see amaideachd.
 aimideag, see amaideng.
 aimsichte, see aimsichte.

t'aiminn, ** *a.* Pleasant, agreeable, smooth.
 aimisg, -e, -ean, *s.f.* Confusion, disorder, calamity. Is a e, it is confusion.
 —each, *a.* Confusion. 2 Causing confusion. 3 Of, or pertaining to confusion, 4 Mischievous. 5 Quarrelsome.
 aimrid, *a.* Barren, unproductive.
 —each, * *s.f.* Barren woman.
 —eachd, * *s.f. ind.* Barrenness.
 aimrios, ** *s.m.* Error.
 aimseach, see amais'ach.
 aimsgh, *a.* Mischivous. 2 Impure, bawdy. 3 Impious, profane.
 —eachd, *s.f. ind.* Mischivousness. 2 Impurity. 3 Profanity, impiety. Le tuairisgeul 'sle a., with slander and impurity.
 aimsichte, *a.* Bold, daring, resolute.
 aimsidh, (for amaisidh) *ful. ind. of v. amais.*
 aimsir, -e & -each, *pl.-ean, s.f.* Time. 2 Season. 3 Weather. A réir na h-aimsire a bhiteas ann, according to the weather we may have; a. ghaillionnach, stormy weather; a. bhéagh, fine weather; a. a' gheamhraidh, the winter season; a. an earraich, the spring season; a. an t-samhraidh, the summer season; a. an fhogharaidh, the harvest season; a. fogharaidh, harvest weather; and a. seo, this weather.
 —eil, *a.* Temporal, worldly. 2 Seasonable. Tha na nithe a chithear aimsireil, the things which are seen are temporal.
 aimsiorrtha, see aimsireil.
 aimsith, -o, -ean, * *s.m.* (Jam + -mis, of *stirmis* + ith) Mischance. 2 The missing of an aim, being unfortunate.
 ain-, *intens. & priv. particle*, prefixed to words and corresponding with English -en, or -in.
 àin, -e, *s.f.* Heat, heat of noon. 2 Light. Àin an là, broad day-light.
 t'ain, *s.f.* Water.
 àin, *a.* Honourable, praiseworthy, respectable.
 2**Respectful. Tuirighiol àin, thy respectful speech.
 t'ainbheach, *a.* Manifold, abundant.
 —, ** *s.m.* Drone bee. 2 Much rain.
 3* see ainfhiach.
 ainbheart, ** *s.f.* Misdeed.
 t'ainbheil, *s.f.* Impudence, rudeness, impertinent language. 3 Stinginess.
 † —each, *a.* Impudent, rude. 2 Stingy.
 ainbheas, -a, -an, *s.m.* Immorality, dishonesty, want of virtue.
 —ach, -aiche, *a.* Immoral, dishonest, vicious.
 t'ainbheille, see ainbheil.
 ainbhfheas, see ainfhios.
 t'ainbhfhealach, *a.* see ainbhealach.
 ainbhfheòil, see ainhfheòil.
 ainbhfhiach, -eich, -an, see ainfhiach.
 t'ainbhfhiosach, *a.* Rude, ignorant, headstrong, resentful.
 t'ainbhidh, ** *s.f.* Rainy weather.
 aubhios, * see ainfhios.
 ainbhidh, see ainbhidh.
 —each, -eiche, *a.* Stormy, tempestuous.
 2 Violent, passionate. see onfhiach.
 ainbith, *a.* (Jam + bith, un-world-like) Odd, extraordinary.
 t'aincheard, -cheirde, *s.m.* Buffoon, ingenious fellow, imposter. 2 Buffoonery, low jesting.
 —ach, -aiche, *a.* Jocose, humorous, jesting, buffoon-like, merry.
 † —, see aincheard.
 aincheardach, *a.* ** Like a buffoon, of, or belonging to a buffoon or buffoonery. 2 Ingenious.
 aincheart, ** *a.* Unjust, iniquitous.
 —, ** -cheirt, *s.m.* Prank, trick. 2 In-

justice.
 aincheas, -eis, see aincheist.
 aincheirde, *gen. sing.* of aincheard.
 aincheist, *s.m.* Danger, jeopardy, dilemma.
 2 Perplexity, doubt. 3 Puzzle, riddle.
 —ach, *a.* Doubtful, puzzling. 2 Of, or
 pertaining to doubt or perplexity. 3 Injeo-
 pardy, doubt, or danger.
 ainchiail, ** -chéill, *s.f.* Peevishness. 2 For-
 wardness. 3 Testiness. 4 Madness.
 † —ach, -aiche, *a.* Peevish. 2 Forward.
 3 Testy. 4 Mad.
 ainchis, -e, *s.f.* Curse, rage, fury.
 ainchiste, *s.* Slow, tedious.
 ainchliù, *s.m.* Peevish person.
 ainchrionait, *s.f.* Acuteness, discernment,
 sagacity.
 ainchrionna, *a.* Acute, sagacious.
 † ainchidh, ** *s.f.* Doubt.
 † aincis, ** *s.f.* Skin, hide.
 aindealbh, *s.m.* Unseemly figure, 2 Distorted
 picture.
 —ach, -aiche, *a.* Unseemly, deformed
 † aindear, see ainuir.
 aindeas, -eise, *s.* Unprepared. 2 Awkward,
 not clever, not ready-handed.
 aindeas, ** *s.m.* Adversity.
 † aindeise, *s.f.* Affliction, calamity, awkward-
 ness.
 aindeòin, *s.f.* Reluctance. 2 Compulsion,
 force. 3 Defiance. Go dhiùbh is deòin leat
 no 's aindeòin, *whether it be your will or not;*
 g' ad' aindeòin *in spite of you.*
 aindeonach, *a.* Reluctant, unwilling. Chaidh
 e dhachaidh gu h-aindeonach, *he went home*
unwillingly.
 —d, *s.f.* Unwillingness, reluctance,
 obstinacy. 2 Compulsion.
 aindeòil, -seala, *a.* Unpropitious, unprepared.
 aindeòilachd, *s.f.* Want of preparation.
 2 Want of luck.
 † ain-diarraidh, ** *a.* Angry.
 ain-diadhach, -aich, *s.m.* Atheist. 2 Ungodly
 person.
 ain-diadhachd, *s.f. ind.* Ungodliness, profane-
 ness, iniquity, impiety.
 ain-diadhaidh, *a.* Profane, ungodly, wicked,
 impious, irreligious.
 ain-diadhaidheachd, see ain-diadhachd.
 ain-diadhail, *a.* see ain-diadhaidh.
 ain-diadhailachd, see ain-diadhaidh.
 ain-dileas, *a.* False, unfaithful, faithless.
 ain-dilseachd, *s.f. ind.* Faithlessness. 2 Un-
 friendliness.
 ain-dilseachd, see ain-dilseachd.
 ain-dith, ** *s.f. ind.* Extreme poverty.
 ain-diuid, -e, *s.f.* Boldness, obstinacy, imper-
 tinence.
 —each, -eiche, *a.* Obdurate, obstinate,
 petulant.
 ain-dlighe, *s.m.* Injustice, unlawfulness, unjust
 law. 2 Trespass. 3 Usury.
 ain-dligheach, -eiche, *a.* Lawless, unlawful, ille-
 gal, transgressing, unjust, undutiful.
 —ich, *s.m.* Transgressor.
 —d, *s.f. ind.* Unlawfulness, practice
 of injustice.
 ain-dreann, *s. m. Fretfulness.
 —ach, -aiche, *a.* Fretful, peevish.
 —achd, *s.f. ind.* Fretfulness, peevish-
 ness.
 aine, ** *s.f. ind.* Delight, joy, pleasure. 2
 Music, harmony.
 † aine, *s. f.* Experience. 2 Good-will. 3 Agili-
 ty, expedition. 4 Platter.
 aine, (AC) *s.f.* Fire. Bhruidh mi e ri aine
 caoire, *I toasted it to a fire of red-hot embers.*

Also see àin.

aine, * see adha and ae.
 aineach, *a.* Imperative (*i. mood* in Grammar)
 —Forbas' *G. Gram.*
 aineadach, -eiche, *a.* Vexing, galling.
 aineadas, -ais, *s.m.* Vexation.
 aineal, see aineol.
 ainealach, see aineolach.
 aineamh, -eimh, *s.m.* Flaw, blemish, fault,
 injury, defect. Ceilidh seirc aineimh, *charity*
conceals faults; dà reithe gun aineamh, *two*
rams without blemish.
 aineamhach, -aiche, *a.* Faulty, blemished,
 maimed, having defects or injuries. 2 Cau-
 sing defects or injuries.
 aineamhag, -aig, see ainneamhag.
 aineamhaig, *gen. sing.* of aineamhag.
 ainean, *pl.* of adha or ae. Os cionn nan ainean,
above the livers.
 aineart, *s.m.* see ainneart.
 aineartaich, -o, *s.f.* (ainich) Yawning.
 ain'neas, -eis, *s.m.* see aineas.
 aineas, -eis, *s.f.* (an+theas) Passion, joy. 2
 Fury, frenzy. 3 Cruelty. 4 Bravery. Dùth-
 aich gun aineas, *a friendly country.*
 —ach, -aiche, *a.* Passionate, furious, enra-
 ged, raging, frantic. 2 Cruel. 3 Brave. 4
 Hardy. Mar stadhan aineasach, *like furious*
billows.
 —achd, *s.f. ind.* Furiousness, passiona-
 tness, frenzy, fury.
 † aineasgair, *a.* see aineasgair.
 ainéifeachd, *s.f. ind.* Insufficiency.
 aineil, *gen. sing.* of aineal.
 aineimh, *gen. sing.* of aineamh.
 aineis, " " aineas.
 † aineogail, *s.f.* Astonishment. 2 Stupor, torpor.
 aineol, -oil, *s.m.* Stranger, foreigner. 2 Guest.
 3 Unacquaintance. Ann an tìr m'aineoil, *in*
the country where I am unacquainted; a' dol air
 aineol, *going where not known, wandering a-*
broad; cha'n fhac aineol c'n lear no o'n
 fhasach, *a stranger from sea or wilderness*
will not behold; is trom geum bà air a h-ain-
 eol, *deep is the low of a cow on a strange pas-*
ture.
 —, ** *a.* Strange, foreign, ignorant.
 —ach, -aiche, *a.* Ignorant, unintelligent,
 rude, unlearned. Aineolach air seo, *ignorant*
of this.
 —aiche, *comp.* of aineolach.
 aineolas, -ais, *s.f.* Ignorance, want of know-
 ledge, nescience, illiterateness. Is trom an
 t-eallach an t-aineolas, *ignorance is a heavy*
burden; am bhur n-aineolais, *the time of your*
ignorance.
 tainer, ** *a.* Proud. 2 Great. 3 Cruel.
 ain-fheasach, *a.* Sensuous, lewd, lustful.
 ain-fheich, *gen. sing.* of ain-fhiach.
 ain-fheòil, -fheòla, *s.f.* (ainh+feòil) Proud flesh,
 corrupt flesh.
 ain-fheòla, *gen. sing.* of ain-fheòil.
 ain-fhich, -fheich, -fhiachan, *s.m.* Debt, obliga-
 tion. Fo ain-fhiach dhuit-sa, *under obligation*
to you.
 ain-fhior, -a, *a.* Untrue.
 ainfhios, -a, *s.m.* Ignorance. Air ainfhios
 dhuit, *unknown to you.*
 —ach, -aiche, *a.* Ignorant, illiterate. 2
 unintelligent.
 ainfhiosrach, -aiche, *a.* Ignorant, illiterate,
 unintelligent.
 ainfhiosrachd, *s.f.* Ignorance, illiterateness.
 ain-fhivim, -ean, *s.f.* Untruth.
 ain-fhùgh, *a.* see ain-fhìughach.
 —ach, -aiche, *a.* Worthless. 2 Insig-
 nificant, contemptible.

—achd, *s. f.* Unworthiness.
 †ain-fhuail, *s. f.* Chamber-pot.
 aing'eachd, see aingidheachd.
 aingéal, -il, *pl.* -il, -gle, -glean, -glich, (AC) *s. m.* Angel. 2 Messenger. 3 Fire. 4 Light. 5 Sunshine.
 —ach, *a.* Angelic, of, or pertaining to an angel. 2 Of, or pertaining to fire.
 —ach, *s. m.* see aingéalachd.
 —achd, || *s. f. ind.* Numbness, torpidness, chillness.
 aingealag, -eig, *s. f.* Wood angelica. see lus nam buadh.
 aingéalail, ** see aingéalach.
 aingéalta, *a.* Malicious, vindictive. 2 Perverse, wicked, headstrong, froward.
 —chd, *s. f. ind.* (aingidh) Frowardness, malignity, perverseness, wickedness. † gabhail tiachd an aingéalachd, *taking pleasure in wickedness*: aingéalachd 'n a chridhe, *frowardness in his heart*.
 aingéaltas, -ais, see aingéaltachd.
 †aingéil, *s. f.* Curse.
 ainghean, -ein, *s. m.* Excessive love. 2 Excessive greed or avarice.
 —ach, *a.* Exceedingly attached. 2 Excessively greedy or avaricious.
 ainghearradh, -aidh, *s. m.* Short cut.
 ain-ghnìomh, *s. m.* Bad deed.
 ain-ghnìomhach, *a.* Facinorous. 2 Wicked, atrocious, detestable bad.
 aingidh, -e, *a.* Wicked, impious, vicious, bad. 2 Perverse, mischievous. 3 Cross, ill-natured.
 aingidheachd, *s. f. ind.* Iniquity, sin, evil, wickedness, viciousness. 2 Perverseness. 3 Wrath. † A. ' bhaille, *the wickedness of the city*; † a. ur deanaidais, *the evil of your doings*
 aingil, *s. m., pl.* of aingéal.
 aingle, -an, see aingéal.
 aingich, (AC) *pl.* of aingéal.
 aingidh, *a.* Angelic.
 —each, *a.* see aingidh.
 —eachd, ** *s. f.* Angelicalness.
 aingionta, *a.* see aingidh.
 ain-laruartach, -aiche, *a.* Most furious.
 àinich, -e, *s. f.* Panting, breathing hard.
 ainich, see aithnich.
 ainid, *a.* Vexing, galling.
 —each, -eiche, *a.* see ainid.
 ain-ìochd, see an-ìochd.
 —mhoireachd, see an-ìochdmhoireachd.
 —mhor, see an-ìochdmhor.
 ain-ìomad, -aid, *s. f.* Too much.
 —achd, *s. f.* Superfluity, superabundance
 ain-ìomadaidh, *a.* Superfluous, unnecessary. 2 Exuberant.
 ain-ìosal, *a.* Haughty, imperious.
 ainrich, see eanraich.
 ainis, *s. f.* Anise.
 ain-ùil, see an-ùil.
 †ainle, ** *a.* Fair, comely, well-featured.
 ainle, *s. f.* Wild cat. (?) 2 Green-fly.
 †ainleachd, *s. f.* Comeliness.
 †ainleag, -eig, *s. f.* Snare. 2 Sting.
 —, -eig, (for ainleag) Swallow, see gobhlan-gaoithe.
 —dhubb, *s. f.* Swift (bird) see gobhlan mór.
 —mhara, *s. f.* Swift (bird) see gobhlan mór. 2** Black martin.
 —mhonaidh, *s. f.* Alpine swift (bird) see gobhlan-monsaidh.
 —mhór, *s. f.* Swift (bird) see gobhlan mór.
 †ainlean, *v. s.* Persecute, pursue.
 aingleamhuinn, *s. f.* Persecution.

ain-leas, -eis, *s. m.* Slander. 2** Difference. 3 **Mischief. 4** Theft.
 ain-leatrom, -uim, *s. m.* Oppression, injustice.
 —ach, -aiche, *a.* Highly injurious.
 ainm, -e, *pl.* -ean, -eannan, *s. m.* Name. 2 Substantive noun. 3 Character. An t-ainm gun an tairbhe, *the name without the profit*; is fhasa deagh ainm a chall na 'chosnadh, *a good name is easier lost than won*; c'ainm s th'ort? *what is your name?* clod is ainm do seo, *or c' ainm th'air seo? what is the name of this?*; duine d'am b'ainm Aonghas, *a man named Angus*; Maighistir—c'ainm a th'air? *Mr. what's his name?*
 ainm-chlàr, -àir, -an, *s. m.* Catalogue. 2 Index.
 ainmeachadh, -aidh, *s. m.* Naming, appointing.
 2 Mentioning. 3 Nominating. 4 Nomination.
 Ag a—, *pr. part.* of ainmich.
 ainmeachail, ** *a.* Appellative.
 ainmeachair, ** *s. m.* Assigner.
 ainmeachas, -ais, *s. m.* Mere naming, nothing but the name.
 ainmealachd, *s. f. ind.* Celebrity, fame, renown, notoriety.
 ainmeanach, -aich, *s. m.* Nominative (case in grammar.) 2 Nominator. 3 see ainmeanache.
 ainmeanache, *s. m.* Denominator.
 ainmear, *s. m.* Substantive or noun in grammar.
 ain-measarrach, ** -aiche, *a.* see ana-m—.
 ain-measarrachd, ** *s. f. ind.* see ana-m—.
 ain-measarradh, see ana-measarradh.
 ainmeic, } *adv.* see ainmich.
 ainmeig, }
 ainmeil, -e, *a.* Celebrated, renowned, famed, famous. 2** Namely. Dh'fhàs iad sin 'n an daoinne ainmeil, *those became men of renown*; gu h-ainmeil, *especially, famously*.
 —eachd, ** *s. f. ind.* see ainmealachd.
 ain-méin, -e, *s. f.* Pride, haughtiness, arrogance, frowardness.
 —each, -iche, *a.* Perverse, froward. 2 Il-liberal, churlish.
 —eachd, *s. f. ind.* Perverseness, frowardness. 2 Il-liberality, churlishness.
 ain-méin, see ain-méin.
 ain-mheas, -eis, *s. m.* Reward, recompense, remuneration.
 —ach, -aiche, *a.* Proud-spirited. 2 Im-measurable, huge.
 ain-mheasardha, } *a.* see ana-measarrach.
 ain-measarra, }
 ain-mheasardhachd, *s. f. ind.* }
 ain-mheasardhas, -ais, *s. m.* } see ana-measarr-
 ain-mheasarrachd, *s. f. ind.* } achd.
 ain-mheasarras, -ais, *s. m.* }
 ain-mheid, ** *s. f.* Wonder, rarity.
 ain-mhèin, see ain-méin.
 —neach, see ain-méineach.
 ain-mhiann, see ana-miann.
 —ach, see ana-miannach.
 ainmhíde, -ean, *s. m.* Rash fool, loquacious fool, babler.
 —achd, *s. f. ind.* Rash folly.
 ainmhídh, -e, -ean, *s. m.* Brute, animal, beast. An ainmhídh, *thean uim, all their beasts*.
 —each, ** -eiche, *a.* Brutal, brutish. 2 Of, or belonging to a brute.
 —eachd, *s. f. ind.* Brutality, brutishness.
 ain-mhíreach, -ich, see ana-bhíreach.
 ain-mhíreachd, *s. f. ind.* Pusillanimity.
 ain-miann, *pl.* -mianna, see ana-miann.
 ainmic, see ainmich.
 ainmich, *pr. part.* ag ainmeachadh, *v. a.* Name, appoint, mention, fix upon, nominate. Ainmich do thuairasdál, *appoint your wages*; ainmich co e siod, *mention who yonder man is*.

ainmichte, *pt. part. v.* ainmich, Named.
ainmig, *adv.* (an + minig) Seldom, rarely, scarcely. Is ainmig a thig e, *he seldom comes*; b'ainmig a leithid, *his like (equal) was rare*; b'ainmig bha na bhaillean fann, *seldom were my blows weak*.

ainmigead, ** -eid, *s.m.* Rareness, scarceness. 2 Increase in scarceness. A' dol an ainmigead, *getting scarcer and scarcer*.

ainm-lite, ** *s.f.* Catalogue, index.

ainm'nic, *see* ainmig.

ainmichte, *see* ainmichte.

ainmichthe, -ean, *s.m.* Asaignes.

fainn, ** ainno, *s.* Circle. 2 Ring.

aindeónachadh, *see* aindeónachd.

fainneadh, ** -eith, *s.m.* Patience.

ainneal, -oil, *s.m.* *see* ainneal.

—ta, *see* ainnealta.

ainneamh, -eimhe, *a.* Rare, scarce, curious. 2 Curiously formed 3 ** Valuable. Oris ainneamh, *a curious girdle*; is ainneamh a leithid, *his match is seldom met with*.

—, * *adv.* Seldom. Is ainneamh a thig thu, *you seldom come*.

—ach, *see* ainneamh.

—achd, *s.f. ind.* Rareness, scarceness.



6. Ainneamhag.

ainneamhag, -aig, *s.f.* Phoenix.

ainneanta, ** *a.* Dogmatic.

ainneart, -airt, *s.m.* (ain, *excess* + neart) Violence, force, oppression. Ainneart air a' choireach, *violence on the stranger*; luchd ainneart, *oppressors*.

—ach, -aiche, *a.* Oppressive, violent, tyrannical, overbearing.

—achd, *s.f. ind.* Practice of oppression. 2 Force, violence.

—mhór, *a.* Feeble.

ainneoin, *see* aindeoin.

ainnealta, *see* ainnealta.

ainnichte, *a* Made patient. 2 Tamed.

ainnichte, * (ainneadh) *see* ainnichte.

ainnr, -e, -ean, *s.f.* Virgin, maid. 2 ** Marriageable woman 3 ** Young woman. Ainnr fo bhron, *a maiden mourning*; ainnr a cheud ghraith, *the maid of his first love*.

—each, *a.* Like a beauty.

ainnis, } *a.* Poor, destitute, needy, abject.
ainniseach, } Tha mi ainnis lom, *I am poor and naked*.

ainnis, } *s.f.* Poverty. 2 Abjectness.

ainniseachd, } 3 Poor or needy person. 4 ** Desperateness. A' slugadh an ainnis, *swallowing up the needy*.

ainniugh, -ean, *s.m.* Sigh, sob.

ainnsteil, *s.f.* Disturbance, commotion. 2 Disorder.

ainnreit, *see* ainmheit.

ainnrochd, *s.m.* Miserable plight. 2 Pitiful condition. 3 Frightful bodily appearance.

—ail *a.* Shapeless, ill-formed. 2 Disguised.

ainsearc, -eirc, *s.f.* Hatred.

ainseirceach, -aiche, *a.* Malignant, unfeeling, uncharitable, cruel.

ainseirceachd, *s.f. ind.* Uncharitableness, want of affection.

ainseirceil, -e, *a.* *see* ainseirceach.

ainsgian, -ein, *s.m.* Fury. 2 Fright, terror. 3 Bad temper. Chaid an t-each air ainsgean, *the horse ran off in a fright*.

ainsgein, 'e, *s.f.* Sudden movement, starting fit. 2 *see* ainsgean.

—ach, -aiche, *a.* Ill-tempered. 2 Furious, wild. 3 Apt to take fright, as a horse.

ainsgian, *s.m.* *see* ainsgean.

ain-sheasgair, *a.* Without favour or protection, destitute.

—eachd, *s.f.* Rudeness, violence.

ain-sheirc, ** *s.f.* Excessive hatred. 2 Cruelty.

—oil, *a.* Hating, abominating. 2 Cruel.

ain-spirad, *s.m.* Evil spirit.

ain-srianta, *a.* Unbridled, unvalued. 2 Debauched. 3 Obstinate.

ain-sriantach, -aich, *s.m.* Libertine. 2 Debauchee.

ain-sriantas, -ais, *s.m.* Libertinism. 2 State of being untamed, as a horse.

ainteach, ** *s.m.* Religious abstinence from eating flesh.

† —, ** *a.* Boastful, vain-glorious.

ainteann, *a.* Bound. 2 Very stout. 3 Bold.

ain-teas, -ois, *s.m.* Excessive heat. 2 Inflammation. 3 Impetuosity, keenness, violence of manner. 4 Ardour, fervour, zeal, enthusiasm.

—ach, -aiche, *a.* Violently hot. 2 Fiery, impetuous.

—achail, *see* ain-teasach.

—achd, *s.f. ind.* Feverishness.

ain-teasaisgeachd, *see* ain-teasachd.

ainteil, *a.* Preceptive, mandatory.

ain-teist, -ean, *s.m.* False-witness. 2 Bad character.

—canas, -ais, *s.m.* False testimonial, false certificate, unjust certificate.

—cas, -ois, *s.m.* False testimony.

—oil, -e, *a.* Ill-famed, uncreditable.

ain-teth, *a.* Scorching, exceedingly hot. 2 Ardent, vehement, eager. 2 Inflamed. Ain-teth chum air, *ardent for battle*.

aintheasachd, *see* ain-teasachd.

fainthinne, *see* athainte.

aintighearn, -a, *s.m.* Tyrant. 2 Oppressor, overbearing ruler.

—achd, *see* aintighearnas.

—ail, -e, *a.* Tyrannical. 2 Oppressive.

—as, -ais, *s.m.* Tyranny. 2 Oppression. 3 Domineering. 4 Despotism. 5 ** Absoluteness. An fhath a th'againn air a', *tho hatred we have of despotism*

ain-tioma, *s.f. ind.* Intrepidity, valour.

ain-tiomail, -e, *a.* Intrepid, valiant.

ain-tiomalachd, *s.f. ind.* Fearlessness, courage, boldness, bravery.

ain-treun, -treine, *a.* Ungovernable. 2 Very powerful.

—as, ** -ais, *s.m.* Great strength.

-air, *termination of nouns, appearing also as* -eir, -ir, -oir, and -uir, and signifying *agent* or *doer*.

air, *prep.* On, upon. 2 Of, concerning. 3 For, on account of. 4 By. 5 With. 6 Also signifying the same as if joined in its first sense with the pers. pronoun *e*. 7 On, an oath or assertion. 8 On, upon, denoting time. 9 With, accompanied by. 10 Claim of debt.

The above are the meanings of *air* used as a simple preposition, but it has idiomatic uses almost without number in various combination with verbs and other parts of speech.

air (cont.)—

Nu'm faighinn am fear a tha air chall oirbh, if I should find the man that is lost FROM you, [if translated here BY you, it implies that "you" lost the man, which may not be true] theich e orm, he fled AWAY FROM me; chluch e an cleas orm, he played the trick ON me; cheill e an gnothach orm, he hid the matter FROM me; ghair e orm, he laughed AT me; ni mi sgeul ort, I will make a tale (inform) AGAINST you; dh'ith ear n-lasg oirnn, he ate our fish FOR (ON) us, [i.e. in spite of us, not to oblige us.]

In these examples air translates differently into English in every case, but the differences are caused by the English verbs, each of which requires its own preposition as a complement. Classing these under the various meanings would hide from the learner the fact that the Gaelic prep. has the same meaning in each case—adversity, adverse circumstances, mishap, disaster, trickery suffered, &c.

Examples given by MacD spine:—

Tomradh air do gluicacs, a report of thy wisdom; air beinn, on a mountain; air sgàth, for the sake of; air ainm, by name; air bheagan, possessing little; air an aobhar sin, for that reason; air mo shon-sa dheth, for my part, as far as I am concerned; air éigin, with much ado, [with much difficulty, scarcely, hardly]; air a-hon, for one, [thut tri le Bran air a-hon, Bran, for one, killed three]; air seachran, astray; air falbh, away, from home; air uairibh, sometimes; tha eagal air, he is afraid; tha acras air, he is hungry; air chor, so that; air chor éigin, somehow or other; duine air chor éigin, some person or other; air meud 's gu bheil e, let it be ever so great; [air a mhead 's gu'n tig dhiubh, however many of them come]; cha d'fhuair mi ni air, I got nothing for it; dè tha a' cur air? what is the matter with him?

Examples from Stewart's Gaelic Grammar:—

ON, UPON—air an làr, on the ground; air an là sin, on that day. CLAIM OF DEBT—ioc dhomh na bheil agam ort! pay me what thou owest! cia mend a th'aig mo thighearn ort-sa? how much owest thou unto my lord? OATH—air m'fhacal, upon my word; air làimh t'athair 's do sheanair, by the hand of your father and grandfather; [air na chunnaic thu riannh na fosguil e, for the sake of all you ever saw do not open it.] (Thig air) SPEAK OR TREAT OF—thig mo bheul air do cheartas is air do chliù, my mouth shall speak of thy justice and thy praise; sin chis air a bheil mi nis a' teachd, that is a matter of which I am now to treat; tog ort; rouse thyself! chaidh againn air, I prevailed over him; 's ann orms' a chaidh, it is I that was worsted. Thug e am monadh air, he betook himself to the mountain. IN RESPECT OF—cha'n thaca mi an samhail air oileas, I never saw their like for badness; air a lughad, however small it be. JOINED WITH, ACCOMPANIED BY—mòran iarainn air bheag faobhar, much iron with little edge; oidheche bla mi 'n a' teachair air mhòran bidh 's air bheagan aodaich, I was a night in his house with plenty of food but scanty clothing; air leth làimh, having but one hand. MEASURE, DIMENSION—da throid air àirde, two feet in height. ALTERNATION—Ole air mhath leate, whether you take it well or ill.

Examples from Armstrong:—

Air chòir, nobly, properly, as usual [truthfully]; air seo, upon this, then; air iomrall, a-stray; air chutnach, mad; air neo, else, or else; air muin, on, upon, above; chaidh e air a muin, he had carnal connection with her;

bithidh sin air bhul, that will come to pass.

Addition 1.—

'Nuair a thig air duine thig air uile, this means that fortunes and misfortunes do not come singly, and is a Gaelic equivalent of *it never rains but it pours*; tha a' mhing air, he is drunk; cha'n 'eil airach—, there is nothing for it but—; Chaidh e air chéillidh orra, he went to visit them; air tòrradh, at a funeral; air banais, at a wedding; air a lughad is fheàrr, the smaller the better; bha e air mo mhùin gu'n &c., or bha e air m'adann gu'n &c., he was always worrying me to &c., gabh air, thrash him; éirich'air, belabour him; éirich air an òran, sing the song well; mòr orm agus beng agam, very patronizing to me and little thought of by me.

Air, it may be stated, always signifies something of a very temporary duration.

[Air governs the Dative case of nouns following it. Though it is said not to cause aspiration by rule, there are many instances in set phrases in which it does, as, air dheireadh, behind; air thoiseach, before; air chionn, in readiness for, [air chionn dhomh bhì deas, by the time I was ready.] It may be observed that where it causes aspiration it cannot be translated upon,—tha i air chall, she is lost.

The reason for this difference seems to be that air in Modern Gaelic misrepresents the old prepositions ar and for. Ar meant before, against, beside, and it caused aspiration of the word following, because it formerly ended in a vowel (are or art.) For meant upon, and did not cause aspiration. This is for the air proper of Modern Gaelic grammar.]

Examples given above in brackets, thus [] are additions to those given by the authors combined.

Combined with the personal pronouns thus:

1 Sing.	orm,	Plur.	oirnn,
2	ort,		oirbh,
3	air, m. }		orra, m. & f.
	oirre f. }		

Emphatic forms.

1 Sing.	orm-sa,	orm-fhéin,	pl. oirne,	oirn-fhéin.
2 Sing.	ort-sa,	ort-fhéin,	pl. oirbh-se,	oirbh-fhéin.
3 Sing. (m.)	air-san,	air-fhéin;	(f.) oirre-se,	oirre-fhéin, pl., m. & f. orra-fhéin.

air, prep. pron. On him, on it. 2 Upon him, upon it. 3 In his possession. 4 On him as a duty. Tha 'aodach air, his clothes are on him; cha d'fhuair mi ni air, I got nothing in his possession; tha e air ri plàightheadh, he is bound to pay; chaidh againn air, I got the better of him, I managed to do it.

air, gen. sing. of ar.

air, v.a. Plough, till, cultivate. 2 Number, count. Inis an dh'aireas eucceart, they who plough iniquity.

air a'chd, adv. So that.

air a' chor sin, adv. In that state, in that manner.

air adhart, adv. Forward.

air a' h-uic cor, adv. At all events.

air àrd, adv. In order, in train.

air all's, adv. So that.

air a' mhionaid, adv. This moment, immediately.

air an aobhar sin, adv. Therefore.

air an uair, adv. Presently, instantly.

air a' thais, adv. Slowly.

air ball, adv. Immediately, on the spot.

air bàrr, *adv.* Atop.
 air beulaobh, *prep.* (beulaibh, *dat. pl.* of beul)
 Before, in front of.
 fàirbhe, *s. f.* Ribs. 2 Story. 3 Emolument, profit. 4 Produce.
 fàirbheach, *a.* Ribbed, furrowed.
 airbheart, *-eirt*, *s. m.* Meaning. 2 Leading idea.
 3 Leading. 4 Practising.
 —ach, *-aiche*, *a.* Sagacious.
 air bholl, *adv.* Mad, crazy.
 air bhò'n dé, *adv.* The day before yesterday.
 air bhò'n raoir, *adv.* The night before last.
 air bhò'n uridh, *adv.* The year before last.
 air bhòrd, *adv.* Boarded, as a boarder.
 air bhraise, *adv.* Agog.
 airbhinneach, *-eiche*, *a.* Honourable. 2 Venerable.
 airbhrè, *s. f.* Multitude, host. 2 Army, legion.
 air bòrd, *adv.* On board, as of a ship.
 àirc, *-e*, *-ean*, *s. f.* Ark. 2 Large chest. 3 Granary. Stad an airc, *the ark rested.*
 airc, *-e*, *s. f.* Distress, affliction, difficulty, trouble, poverty, strait, hardship. Saoi'n airc, *a hero in distress*; 's maing a shineadh lamh na h-airce do chridhe na circe, *woe to him who stretches poverty's hand to the hen-hearted (cowardly)*; aran na h-airce, *bread of affliction*; tha mi an airc, *I am in a strait.*
 fàirc, *-e*, *s. f.* Cork-tree. 2 Sow. 3 Lizard.
 Airc luachrach, *a lizard.*
 †—each, *** a.* Ingenious. 2 Shifty.
 airceach, *-eiche*, *a.* Indigent, poor.
 —eich, *s. f.* Indigent person.
 fàirceadh, *** -eldh*, *s. m.* Earnest penny.
 aircean, *a.* Certain, positive.
 —as, *-ais*, *s. m.* Certainty, positiveness.
 airceas, *-ais*, *s. m.* Scarcity. 2 Poverty, indigence. 3 Straitsness. 4 Sorrow, distress, trouble. 5 Pain. 6 Difficulty. 7 Restraint. 8**Maturity. Gun airceas mealaidd sibh, *ye shall enjoy without restraint or without trouble.*
 —ach, *a.* Sorrowful. 2 Troublous. 3 Causing sorrow or pain.
 airceil, *-e*, *a.* see airceach.
 air chall, *adv.* Astray, lost.
 air chàrn, *adv.* Outlawed.
 airchealla, see airchealladh.
 airchealladh, *-aidh*, *s. m.* Sacrilege, theft.
 airchill, *s. f.* Keeping.
